



GNÌOMH 2

Ceart neo Ceàrr

1. Ghabhadh casan sgèine an dèanamh à feamainn.
2. Theireadh cuid 'bàrr-staimh' ri cas an staimh.
3. Tha am mircean a' fàs aig ìochdar a' chladaich còmhla ris an fheamainn-chìrein agus an fheamainn-bhlagainn.
4. Ghabh an riaghaltas seilbh air factaraidh Cheòis, Eilean Leòdhais, ann an 1986.
5. Ann an 2010 cheannaich an RSPB sgapadair-innearach gaothach gus feamainn a sgaoileadh air an talamh.
6. Bhiodh maraichean air tursan-mara a' fulang leis an tachas-thioram mura biodh feòil gu leòr aca ri ithe.
7. B' abhaist dha daoine ceilp a chleachdadh gus feòil ròin a ghlèidheadh.
8. Tha e furasta an t-aona-chasach aithneachadh.
9. Tha leasachaidhean-bìdh le feamainn annta a' dìon bheathaichean bho ghalaran agus thinneasan.
10. Thòisich obair na ceilpe ann an Tiriodh ann an 1756.
11. Tha feamainn a' cleachdadh uisge mar thùs lùith.
12. Bhiodh na Gaidheil a' cleachdadh cheireanan le feamainn annta gus craiceann leònte a shlànachadh.
13. Bhiodh daoine a' dèanamh ràth le a bhith a' cur phutan timcheall air an àite far an robh iad a' gearradh feamainn.
14. Bha aidhodain cudromach dha dotairean agus dealbhadairean camara anns an 19mh linn.
15. Bhiodh daoine a' measgachadh an t-slòcain le min-choirce gus seòrsa arain a dhèanamh.